

9/3/26, Glaschu

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Moireasdan [sa Chathair], Lachlan Peel, Rhoda NicDhòmhnaill, Daibhidh Byrne, Marion Nic na Ceàrdaich, Ingrid NicEanraig (Teams suas gu 1115), Calum Steele, Catriona Mhoireach

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Mairead Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)
Lorna Nicamhlaigh [LMA] (Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh)
Donnie Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachais) – puingean 4b/c
Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Ceannard Ionmhais & Dearbhaidh)
Laura Hegarty [LH] (Buidheann Leasachadh Leantainneach)
Kristina NicChoinnich [KN] (Buidheann Leasachadh Leantainneach)
Mairi Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Moireach [MM] Ceannard Craolaidh Gàidhlig & Caidreachas (BBC) – puingean 1-5

Chaidh fàilte a chur air KN agus LH chun choinneimh mar luchd-amhairc bhon Buidheann Leasachaidh Leantainneach.

Chaidh co-fhaireachdainn a nochdadh gu Ingrid NicEanraig an dèidh bàs san teaghlach.

1. Leisgeulan

1.1 Calum MacLeòid.

2. Gnothach dearbhte

2.1 Nochd Calum Steele gnothaich co-cheangailte ri SMO fo phuing 5. Ri linn 's nach robh ceistean maoinachaidh an lùib a' phuing, chaidh co-dhùnadh nach robh adhbhar ann seasamh a-mach às a' choinneamh.

3. Geàrr-chunntas nan coinneamhan mu dheireadh agus gnothaichean ag èirigh

3.1 4/12/25 - molaichte le Marion Nic na Ceàrdaich agus daingnichte le Catriona Mhoireach.

3.2 30/1/26 – molaichte le Rhoda NicDhòmhnaill agus daingnichte le Lachlan Peel.

Pròiseas Sgrìobhte - Faoilleach agus Gearran - airson comharrachadh

3.3 30/1/26 - ùghdarras airson An t-Eilean 2

3.4 10/2/26 - ùghdarras airson Loch nam Madadh

4a. BBC ALBA – sùil air Q3 2025/26 + *Discovery & Promotion*

4.1 Bha pàipearan agus pasgain fiosrachaidh air beulaibh bhall. Thug MC seachad aithris.

4.2 Thug MM iomradh air soirbheachas phrògraman na Nollaige agus na Bliadhna' Ùire; am beartas de phrògraman a bha sa chlàr an-dràsta; an naidheachd gu robh BBC Clann a-nis air YouTube agus àrainneachd fàis co-cheangailte ri *visualisation*, leis An Taghadh gu bhith mar phàirt den seo.

4.3 Chaidh deasbad a chumail mu bhith a' lorg susbaint Gàidhlig air ùrlaran didseatach. Chaidh innse gu bheil a h-uile seirbheis craolaidh a' toirt aire air an seo an-dràsta. Thathas mothachail mun obair mhòr a tha S4C agus TG4 a' cur a-steach do na raointean-obrach seo, agus tha miann mòr aig MG ALBA gum bi an aon seasamh aig BBC ALBA 's a tha aig na craoladairean eile anns an raon didseatach. Airson sin a cheadachadh, feumar a bhith soilleir mu ciamar a thathas a' roinn a-mach uallaichean eadar a' BhBC agus MG ALBA. Chan eil e gu leòr susbaint Gàidhlig àrd-inbhe a dhèanamh. Feumar dèanamh cinnteach gum faigh luchd-amhairc e gu furasta agus gu bheil iad air an tàladh gus coimhead air.

4.4 Bha aithne ann mu cho cudromach 's a tha margaidheachd agus chaidh bruidhinn mu ciamar as urrainn dhuinn follaiseachd nas fheàrr fhaighinn air an iPlayer, le aithne gur dòcha gum biodh seo na phrìomh cholbh ro-innleachdail den Lèirsinn ùr.

4.5 A thaobh fastadh neach a bhiodh os cionn margaidheachd, thuirt MC gum bi tuairisgeul teann air an dreuchd a thèid a-mach gu sanasachd san aithghearrachd – le tuigse mu shruthan-obrach nam prògraman taobh a-staigh ùrlaran BBC ALBA agus le tuairisgeul obrach sìmplidh agus glic.

4.6 A thaobh *Prominence* agus dè cho follaiseach 's a tha BBC ALBA air an iPlayer, bha tuigse ann gur e cùis a tha seo a dh'fheumas Ofcom agus am BBC a libhrigeadh, ach bu chòir beachd soilleir a bhith aig MG ALBA air dè a bheir co-ionannachd prìomhachais don Gàidhlig le seirbheisean Beurla, Cuimris agus Èireannach.

4.7 Chaidh deasbad a chumail an e BBC ALBA fhèin no na prògraman a thathas a' feuchainn ri margaidheachd.

- 4.8 Chaidh deasbad a chumail mun droch bhuaidh a tha e ag adhbharachadh dhaibhsan a tha a’ coimhead spòrs air Freeview nach eil BBC ALBA air HD mar a tha BBC Scotland agus seanailean poblach eile.
- 4.9 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta, le aithne gu bheil aire a’ Bhùird air a bheileas a’ cur an cèill ro-innleachd air uallaichean MG ALBA agus a’ BhBC sa chùis.

5. **SpeakGaelic & LearnGaelic**

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le figearan agus fiosrachadh a’ sealltainn gu bheil LearnGaelic agus SpeakGaelic a’ soirbheachadh - ag innse gu bheil Ionnsachadh mar phàirt chudromach de na meadhanan Gàidhlig agus gum bu chòir dèanamh cinnteach gu bheileas a’ cur seilbheach iomchaidh dha ruige.
- 5.2 Sheall DC fiosrachadh mu chòmhradh a tha a’ dol le SMO agus am BBC airson “Project Charter” airson SpeakGaelic Ìre 2 a chur gu dol. Le Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig agus ùghdarrasan ionadail an-dràsta a’ beachdachadh air cruthachadh Sgìrean Cànain chaidh a ràdh gu feumar a bhith soilleir eadar miann an Riaghaltais agus uallach na buidhne airson sluagh na h-Alba air fad a sheirbheasachadh.
- 5.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

6. **FilmG**

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air a’ phròiseact.
- 6.2 Bidh tachartas na bliadhna-sa aig an SEC air 11/6/25 ach thèid lèirmheas air èifeachdas is cosgais an tachartas às dèidh am bliadhna-sa.
- 6.3 Chaidh deasbad a chumail mu dè na slighean a bh’ ann airson luchd-dèanamh fhilmichean às dèidh FilmG. Thuir MC gu bheil grunnan pròiseactan a’ ruith leithid Às Ùr, *Take Three* le Alba Chruthachail, daoine òga ag obair air Loch nam Madadh, agus daoine a’ tighinn troimhe airson me castadh airson An t-Eilean 2.
- 6.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta, le aithne gur e an rud as cudromaiche gum bi àrdachadh san àireamh de dh’fhilmichean san fharpais.
- 6.5 **Gnìomh**: thèid buill an cumail fiosraichte a thaobh àireamhan fhilmichean. (MC)

7. **Aithris a’ Chathraiche**

- 7.1 Dh’innse an Cathraiche mu na coinneamhan agus tachartasan anns an robh e an sàs sa chairteal mu dheireadh.

- 7.2 Choinnich an Cathraiche agus Ball ri Buill Pàrlamaid ann an Lunnainn a bha deònach agus taiceil ann a bhith a’ cur cheistean a-steach gu DCMS.
- 7.3 Choinnich an Cathraiche agus an AO ri Rùnaire na Stàite airson Alba. Ged a thog e gur air ministearan na h-Alba a tha uallach laghail airson MG ALBA a mhaoineachadh, thuig e cho cudromach sa dh’fhaodadh Cairt ùr a’ BhBC a bhith airson maoinachadh a bharrachd airson BBC ALBA. Thèid sgrìobhadh thuige an dèidh an Taghadh airson sealltainn air na nithean a tha an urra ri Riaghaltas na RA a thaobh craoladh Gàidhlig.
- 7.4 Tha conaltradh a’ leantainn le Ian Moireach BP agus le Ceit Fhoirbeis BPA, agus nochd an dithis aca toileachas gu bheileas a’ dol air adhart le An t-Eilean 2, leis a’ chiad sreath ag adhbharachadh tòrr airgid don eaconamaidh agus a’ cruthachadh chothroman.
- 7.5 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.
- 7.6 **Gnìomh:** 1) thèid litir gu Cathraiche HIE a thaobh an taic a chaidh a ghlèidheadh airson An t-Eilean 2 (**MAMI**); 2) thèid coimhead ri cothroman *engagement* nuair a bhios An t-Eilean 2 a’ filmeadh (**LMA**).

8. Cairt a’ BhBC

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 8.2 Le taic bho Lasair Earranta, chùm MG ALBA agus am BBC còmhla seiseanan brosnachaidh le còrr is 60 neach air-loidhne, nam measg luchd-obrach MG ALBA agus a’ BhBC agus luchd-ùidhe, chaidh sgrìobhadh chun a h-uile ball pàrlamaid aig Holyrood agus a h-uile ball pàrlamaid Albannach aig Westminster. Bha pìosan sna pàipearan naidheachd, chaidh bileagan brosnachaidh a sgaoileadh aig Òraid SMO agus cha teachdaireachdan brosnachaidh a-mach air na meadhanan sòisealta aig MG ALBA.
- 8.3 Chaidh fàilte a chur air a’ cho-obrachadh leis a’ BhBC air an iomairt.
- 8.4 Chaidh fianais MG ALBA a-steach air 10/3/26. Leanadh an obair brosnachaidh gu samhradh, le Pàipear Geal dha sgrìobhadh as t-Fhoghair. Eadar seo agus briseadh samhraidh Westminster, thèid gach oidhirp a dhèanamh - le tuigse gu bheil Ian Moireach BP air leth cudromach sa ghnothach - aonta fhaighinn eadar an dà Riaghaltas gu feum iad obrachadh le chèile.
- 8.5 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta agus chaidh taing a bhuileachadh air a’ Chathraiche, RMD agus an AO airson an cuid obrach ar faighinn chun na h-ìre seo.
- 8.6 **Gnìomh:** 1) thèid plana conaltraidh a chuir an gnìomh co-cheangailte ri Westminster ron t-Samhradh, le fòcas air Torsten Bell BP, James Murray BP, Rachel Reeves BP, Martin McCluskey MP agus Al Carns BP (**Cathraiche; RM, LMA**); 2) thèid coimhead ri cuirm aig

Dover House san t-Sultain, a' conaltradh le Anna Nic a' Mhaoilein aig Oifis na h-Alba ([Cathraiche/LMA](#)); 3) conaltradh le Baroness NicLeòid agus buill eile de Thaigh nam Moirearan. ([Cathraiche/LMA](#)).

9. Lèirsinn

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air an obair gu ruige seo.
- 9.2 Sheall DC pàipear a thàinig bho Ferry media, a' toirt geàrr-chunntas air na ciad thoraidhean bhon chiad ìre de agallamhan le luchd-ùidh a chaidh a dhèanamh mar phàirt den phròiseact. Bha na h-agallamhan a' cur fòcas air dè tha ag obair, dè nach eil ag obair, agus co ris a dh'fhaodadh àm ri teachd tarraingeach dha na meadhanan Gàidhlig a bhith coltach.
- 9.3 Thuirt LMA gu robh na toraidhean posataibh gu ruige seo agus gun tèid fòcas a-nis a chur leis an luchd-obrach gus beachdachadh air na bhios mar phrìomh phuingeann na ro-innleachd.
- 9.4 Chaidh a ràdh gu bheil e cudromach aire a chumail air cùisean eaconamaidh taobh a-staigh an Lèirsinn.
- 9.5 Thuirt an Cathraiche gun do chur Ferry Media ceist air a thaobh a bheil e comasach do MG ALBA maoinachadh iarraidh air an roinn phrìobhaideach airson prògraman airson BBC ALBA. Thuirt MC gu bheil am BBC roimhe air obrachadh le Visit Ireland agus gun tèid soilleireachadh fhaighinn air na cothroman seo a' dol air adhart, le comhairle dha shireadh bho BBC Editorial agus DCMS.
- 9.6 Chaidh a ràdh gu faodadh tobraichean airgid a bhith aig cuid de na Oilthighean mòra agus gu faodadh e a bhith comasach airgead prìobhaideach a thogail mar eisimpleir bho Ghàidheil a tha thall thairis. Thèid rannsachadh a dhèanamh.
- 9.7 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.
- 9.8 **Gnìomh:** 1) thèid an dreach Lèirsinn a chur ann an cuspairean agus tillidh e chun Chomataidh Lèirsinn (le seisean eile leis a' Chomataidh far a chaidh a chumail roimhe ma tha feum) agus bidh cothrom aig a' Bhòrd air fad beachdachadh air ([LMA](#)); 2) thèid beachdachadh air ciamar a b' urrainnear tobraichean maoinachaidh eile a lorg airson susbaint, me, sochairean oilthigh, maoinachadh phrìobhaideach, buidhnean turasachd msaa ([LMA](#)); 3) thèid mìneachadh fhaighinn air nan cnapan-starra a th' ann an-dràsta air adhbharachadh le riatanasan poileasaidh deasachaidh a' BhBC agus beachdan tràtha air mar a gheibhear thairis orra ([DC/MC](#)).

10. Riaghaltas na h-Alba/TOG

- 10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

- 10.2 Chùm Kate Fhoirbeis BPA a' choinneimh mu dheireadh den bhuidheann TOG ann an teirm na Pàrlamaid seo, air 18/2/26 agus bha Stiùiriche Chompàirteachas agus Leasachaidh an làthair.
- 10.3 Fon cheann còmhraidh a thaobh Preantasan Gàidhlig, chaidh innse gu bheil MG ALBA ag amas air taic a thoirt do Phreantasan taobh a-staigh na buidhne agus aig riochdairean.
- 10.4 Tha obair a' dol gus ro-innleachd didseatach a thòiseachadh airson na Gàidhlig.
- 10.5 A thaobh Aonta Fàis, thuirt an Cathraiche gu robhas a' coimhead ri dè an cumadh a bhiodh air an seo a' dol air adhart.
- 10.6 Bha beachd ann am biodh airgead prìobhaideach bho chompanaidhean teicnigeach airson taic a thoirt do iomairtean teicnigeach.
- 10.7 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 10.8 **Gnìomh:** 1) thèid litir a chur bhon Chathraiche gu Cathraiche ùr Bòrd na Gàidhlig (**MAMI**); 2) thèid coimhead ri roghainnean mar aig 10.6. (**LMA**)

11. Plana Obrachaidh 2026/27

- 11.1 A' leantainn air a' choinneimh shònraichte a chaidh a chumail san Fhaoilleach 2026, bha am Plana Obrachaidh airson 2026-27 air beulaibh a' Bhùird.
- 11.2 Chaidh innse gun deach a chur gu Ofcom agus gun deach ceistean a thogail agus am freagairt.
- 11.3 Bha aithne ann bho àm sgrìobhaidh a' phàipeir, gun do mhol a' Chomataidh Thuarastal àrdachadh pàighidh de £1200 airson gach neach-obrach (tuilleadh fo phuing 12.6) airson 2026/27 ach nach toireadh sin atharrachadh susbainteach air a' bhuidseat sa Phlana.
- 11.4 Chaidh aithneachadh gu faodadh feumalachdan a bharrachd èirigh anns na mìosan tràth den bhliadhna airson Plana Leantainneach a cheadachadh.
- 11.5 Chaidh aithneachadh gu robh na figearan stèidhichte air dè an t-airgead a dheigheadh a chosg eadar seo agus deireadh a' Mhàirt.
- 11.6 Thuirt SMD gu bheil tòrr gluasadan a dh'fhaodadh tachairt eadar seo agus deireadh a' Mhàirt a bheir buaidh air dè an t-airgead dùnaidh a bhiodh ann.
- 11.7 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte agus chaidh am Plana aontachadh, le aithne gun tig fiosrachadh a chumail riutha agus ri Riaghaltas na h-Alba nan tigeadh atharrachadh san easbhaidh de £664k a bha sa Phlana.

12. Comataidhean

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

12.1 Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 10/2/26 agus gun do chomharraich iad an Aithris air Foill.

12.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

Comataidh Lèirsinn

12.3 Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 11/2/26.

12.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta

Comataidh Thuarastal

12.5 Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 27/2/26.

12.6 An dèidh coinneamhan den Chomataidh Thuarastal far an deach beachdachadh air poileasaidh pàighidh 2026/27, bha am moladh a leanas air beulaibh a' Bhùird airson aonta:

- Àrdachadh de £1200 a chur air gach bann-pàighidh, a' ciallachadh àrdachadh pàigheadh cuibhseach de 3% (4.8% dhaibhsan air tuarastalan nas ìsle agus 1.1% dhaibhsan air tuarastalan nas àirde) agus a' cur 2.7% ri *Pay Bill* na buidhne. Bhiodh sin a' ciallachadh gum b' urrainn 2.8% a thoirt seachad ann an 2027/28 agus a bhith a' fuireach taobh a-staigh crìochan poileasaidh an Riaghaltais a chur mullach de 9% air àrdachadh pàighidh eadar 2025/26 agus 2027/28.

12.7 **Co-dhùnadh**: chaidh Poileasaidh Pàighidh 2026/27 aontachadh agus chaidh taing a bhuileachadh air SMD agus an AO airson an obair.

13. Gnàth Riaghailtean

13.1 Leis gun deach mothachadh mu phuing nach robh soilleir anns na Gnàth Riaghailtean, rinn luchd-lagh na buidhne moladh gus soilleireachadh a dhèanamh air earrainn 6.12(d) agus bha an atharrachadh sin air beulaibh bhall.

13.2 **Co-dhùnadh**: aontaichte.

13.3 **Gnìomh**: thèid na Gnàth Riaghailtean atharrachadh agus am foillseachadh. **(MAMI)**

14. Aithisg an AO & an Stiùiriche Susbaint

14.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air na nithean a tha air aire an Àrd-Oifigeir agus an Àrd-Sgioba Gnìomh an-dràsta.

14.2 Chaidh fàilte a chur air fastadh soirbheachail an Coimiseanair Spòrs agus chaidh innse gum bi Màiri NicRisnidh a' tòiseachadh san dreuchd air 27/4/26.

14.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

15. **Gnothaichean Obrachaidh**

a) Fastadh & Plana Leantainneach

15.1 Chaidh seisean prìobhaideach a chumail eadar buill agus an AO.

15.2 **Gnìomh**: thèid pàipear a sgrìobhadh mu na atharrachaidhean a dh'fhaodadh a bhith ro MG ALBA agus mu na roghainnean a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh ceannardas na buidhne san àm ri teachd. (DC)

b) Sgrùdadh Gàidhlig

15.3 A' leantainn ceist a bh' aig ball, agus a' leantainn fiosrachadh a chaidh a cho-roinn air p-d agus sna pàipearan, chaidh deasbad a chumail.

15.4 Chaidh innse mar a tha obair a' dol an-dràsta air sgilean cànan an luchd-obrach a leasachadh, le plana gnìomh dha chuir an àite.

15.5 Thèid ùrachadh a dhèanamh air Poileasaidh Gàidhlig na buidhne nuair a bhiodh an obair sin crìochnaichte, dha dhèanamh nas giorra, sgiobalta agus furasta a chur an gnìomh.

15.6 Chaidh daingneachadh gu bheil MG ALBA a' cur ri fallaineachd na Gàidhlig tro bhith a' coileanadh a dleastanas airson raon farsaing de dheagh phrògraman Gàidhlig, agus gu bheil am buidheann a' neartachadh Gàidhlig tro phrògraman BBC ALBA, tro LearnGaelic, SpeakGaelic agus FilmG, agus taobh a-staigh na buidhne le bhith a' brosnachadh Gàidhlig aig gach ìre.

15.7 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

15.8 **Gnìomh**: thig am Poileasaidh Gàidhlig fa chomhair Chomataidh Lèirsinn agus ma tha iomchaidh, chun Bhùird. (MAMI)

16. **Dèanadas (OKRan) Q3 2025/26**

16.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air coileantachd amasan (KPIs) MG ALBA, a' Phlana Obrachaidh bliadhna; agus coileantachd bhuidseatan mu choinneimh a' Phlana Obrachaidh bliadhna agus bhruidhinn DMD ris.

16.2 San fharsaingeachd, tha dèanadas loidhneach a' tuiteam, ach le còrdadh fhathast àrd. Tha dol am meud *short form*/didseatach, fianais a thathas a' faighinn bho TRP, a' sealltainn gu bheileas an ìre mhòr a' dèanamh an àrd call luchd-amhairc loidhneach tro na h-ùrlaran seo.

16.3 Thèid beachdachadh air cothrom mothachadh na seanail àrdachadh an lùib moladh a tha BBC ALBA a' faighinn bho phreseantairean spòrs air Radio Scotland.

16.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

17. **Cunntasan Q3 2025/26**

17.1 Bha cunntasan air beulaibh bhall agus bhruidhinn SMD riutha.

17.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

18. **Meatraigs Riosg**

18.1 Bha pàipear, mapa riosg ro-innleachdail ùr agus prìomh riosgan air beulaibh bhall.

18.2 Ged nach robh e na riosg air a' chlàr, chaidh fàilte a chur air gu robhas air adhartas a dhèanamh le bhith a' rèiteachadh an t-suidheachaidh co-cheangailte ri bile gas na buidhne a tha air a bhith na chùis airson greis, a' ciallachadh gun urrainnear an t-airgead a bhathas a' cur gu taobh a chosg air nithean eile. Thathas cuideachd a' coimhead ri bhith a' faighinn a' chùmhnaidh as fheàrr airson gas ri linn na tha a' tachairt anns an Ear-Mheadhanach.

18.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

19. **GISBE**

19.1 Chaidh ceist a chur air ciamar a bhathas a' tomhas gu bheil an t-susbaint a thathas a' cur a-mach air a choimhead le daoine le Gàidhlig. Chaidh a ràdh gur ann bhon phannal Gàidhlig aig TRP a tha an fhios sin a' tighinn, oir chan eil e comasach sin a thomhas bhon dàta a tha tighinn bho na h-ùrlaran fhèin.

20. **Deit na h-ath choinneimh** – 11/6/26, Glaschu.